

CÒMHRADH MU EAGLAIS NA H-ALBA.

Gobhainn. Failt air a' mhinistear! 'S mi 'tha toilicht' ur faicinn. Am bheil sgeul ùr sam bith agaibh an diugh?

Ministear. Cha 'n 'eil diog de naigheachd sam bith agam-fhéin ach gu 'n robh mi 'leughadh mu 'n d' thàinig mi mach mu choinnimh mhòir a bh' aca 's a' Ghalldachd chum an Eaglais a dhion.

G. An Eaglais a dhòn! Mata, 's bochd an gnothuch gu 'm biodh aobhar airson a dhion—Eaglais ghràdhach na H-Alba. Tha mise 'g ràdh ruibh nach soirbhich leis an droch ionnsuidh a tha iad a' toirt orra. Abram m' a déibhinn mar thubhairt Mac Mhaigstir Alastair m' a dhéibhinn na Gàidhlig, "Mhair i fòs 's cha téid a glòir air chall a dh' aindeoin gò is mì-run mòr nan Gall."

M. Tha làn dòchas agam gu 'm bi a' chùis mar sin, ach 's fheudar 'aideachadh gu bheil a nàimhdean lìonmhor, guineach, dìorrasach, agus nach ann gun oidheirp thréin a gheibhear buaidh orra.

G. Shaoil mi gu bheil càirdean na H-Eaglais na 's lìonmhoire na iadsan a tha 'n a h-aghaidh.

M. Cha 'n 'eil teagamh sam bith nach 'eil muinntir na H-Eaglais na 's lìonmhoire gu mòr na muinntir na dà Eaglais Phresbiterianach eile 's an dùthaich, ach tha so ri 'thoirt fanear gu bheil *Gladstone* air a ghuth a thogail 'n a h-aghaidh, gu bheil mòran de mhuintir na H-Eaglais a' leanmhuinn *Ghladstone*, agus gu 'n gnàthaichear gach oidheirp gu toirt orra aomadh leis an aghaidh na H-Eaglais.

G. Air leam-fhéin nach fhiach an duine sin nach seasadh an Eaglais ged robh mìle *Gladstone* 'n a h-aghaidh.

M. Tha dòchas agam nach bi mòran de 'n t-seòrsa sin ann. Tha 'n dùthaich air dùsgadh gu mothachadh air a' chunnart a tha bagairt na H-Eaglais. Tha comuinn 'g an cur suas anns

gach sgìreachd ehum a dìon. Tha mòran de mhuinntir Eaglaisean eile air a taobh. Bithidh greadan garbh ann an àm taghadh Pàrlamaid ùire, ach ma bhios a càirdean dileas cha 'n eagal di.

G. Gu 'd é 's urrainn daoine boehda mar tha sinne 'dheanamh?

M. Innsidh mi sin duit. Faodaidh sibh eur roimhibh nach euidich sibh fear sam bith a chur do 'n Phàrlamaid ach fear a gheallas gu 'n seas e 'n Eaglais. Bithibh 'n ar n-earalas roimh 'n fhear nach abair ach nach cuir e 'n a h-aghaidh, agus na h-earbaibh a fear sam bith nach geall an làthair mòran fhianuisean gu 'n seas esan i ge be co 'bhios 'n a h-aghaidh.

G. Mo làmh-sa dhuibh gu 'n dean mise mar tha sibh ag ràdh, agus gu 'n dean mi mo dhùchioll gu impidh a chur air muinntir na sgìreachd a leithid eile 'dheanamh. An innis sibh so dhomh? Gu 'd é 'tha 'toirt air daoine 'bhi 'meachranaehd air an Eaglais?

M. Gu 'd é ach am farmad! 'N uair a bha i an eor ìosal gun ehumas mòran a dheanamh a dhùisgeadh farmad, leig a nàimhdean leatha, ach cho luath 's a thòisich i air soirbheachadh, air a eùird a chur am fad agus a cuaillean a dhaighneachadh, thòisich iadsan air a càineadh 's a smàdadh; agus o 'n tha i nis a' toirt bàrr orra fhèin, tha iad an geall air eur as di gu builleach.

G. Mo thruaighe a' Ghàidhealtachd is Albainn an là thachradh sin!

M. Mo thruaighe gu dearbh! 'S i Eaglais na H-Alba Eaglais nam boehd, agus an là dh' fhalbhas ise cha bhi ceathairne agus boehdan na dùtheha ach gu h-òle dheth a thaobh mheadhonan nan gràs.

G. Tha nàimhdean na H-Eaglais ag ràdh nach 'eil e ceart gu 'm faigheadh Eaglais na H-Alba cothrom o 'n rìgheachd nach 'eil aig na H-Eaglaisean eile.

M. Mo mo fhreagairt. Ma tha Eaglais na H-Alba mar Eaglais Stéidhicht' a réir Focal Dé, mar tha sinne 'ereidsinn 's a tha Leabhar Aidmheil a' Chreidimh a' teagasg, agus ma tha cothrom aice air aobhar an t-soisgeil a chur air aghaidh nach 'eil aig Eaglaisean eile, cha bhiodh e ceart an cothrom sin, a tha cho buannaehdail do 'n dùthaich, a thoirt uaipe a chionn gu bheil na H-Eaglaisean sin a' gearan nach 'eil an cothrom ceudna aca-san. Mur h-'eil e aca 's ann aca-flhéin a tha 'choire. 'Tha 'n Eaglais a' tairgseadh an gabhail air an ais ma thig iad. A ris, 's ann 's an Eaglais Stéidhicht' amhain a tha 'n t-aon chothrom aig na h-uile, àrd is ìosal, boehd is



beartach. Cha 'n urrainn an duine beartach a' chòir air a sochairean a thoirt o 'n duine bochd, a chionn gu bheil lagh na H-Eaglais, a 's e lagh na rìgheachd, a' toirt na h-aon chòire do gach neach. Anns na H-Eaglaisean eile tha 'n duine bochd an cisimeil an duine bheartaich airson sochairean Eaglais.

G. Ciamar a tha sibh a' deanamh sin a mach?

M. Tha mar so. Tha dà cheud coimhthional aig an Eaglais Shaoir 's a' Ghàidhealtachd. Cha 'n 'eil dhiubh sin ach trì deug thar fhichead a tha comasach air iad-fhéin a chumail suas. Tha càch an cisimeil nan Coimhthionalan beartach 's a' Ghalltachd. A bharrachd air so, tha na H-Eaglaisean 's na bailte mòra a' leanailt an airgid, a' fàgail nan ceàrnan bochda 's a' dol do na ceàrnan beartach. Cha ruig mi leas tuilleadh a ràdh mu 'n chùis.

G. O 'n tha 'chùis mar tha sibh ag ràdh nach amaid each an dol air aghaidh a th' aca a thaobh na H-Eaglais Stéidhichte! Mur h-cil iad toilichte le 'n crannchur tilleadh iad air an ais do 'n Mhàthair-Eaglais, agus bithidh iad air chomb-roinn rithe.

M. 'S e sin a 's glice dhoibh. 'S fheàrr sith na iorghuill. Ma chuirear an Eaglais as a greim bithidh iorghuill an Albainn fad iomadh là, agus bithidh na H-Eaglaisean na 's fhaide o chéile na bha iad riamh.

G. An innis sibh so dhomh? Am bheil e fìor gu bheil an Eaglais air a cumail suas air chosdas na rìgheachd agus iomadh aoin nach 'eil a' faotainn buannachd sam bith naiepe?

M. Cha 'n 'eil sgillinn ruadh a' tighinn a pòca duine sam bith airson na H-Eaglais. Tha 'n Eaglais air a cumail suas leis an deachamh a tha 'g éiridh o thoradh an fhearainn. 'S iad uachdarain fearainn o shean a thug an deachamh so do 'n Eaglais a réir an Scriobtuir agus cleachdadh dhùthchannan Crìosdail. Tha uachdarain na dùthcha a' pagheadh an deachamh so do 'n Eaglais a h-uile bliadhna. A bharrachd air so, tha 'n Eaglais a' faotainn còig mìle deug a ionnbas na rìgheachd a dheanamh suas tighiun-a-stigh nan sgìreachdan sin a tha na 's lugha na seachd fichead 's a deich puinnid Shasunnaich 's a' bhliadhna. Cha 'n 'eil so ach 'n a choimh-leasachadh beag airson na ghlaic an Crùn de 'n deachamh. Tha cuid ag ràdh gu 'm buin an deachamh do 'n rìgheachd. Cha 'n 'eil sin fìor. Chaidh an deachamh fhàgail aig an Eaglais airson meadhonan nan gràs a chumail suas 's an dùthaich; agus tha a deachamh fhéin aig gach sgìreachd. Tha cuid ag ràdh gur h-c

reachd Pàrlamaid a thug an deachamh do 'n Eaglais. Cha mhò 'tha so fìor. Cha d' rinn reachd Pàrlamaid ach a cuid-fhèin a thoirt air 'ais 's a dheanamh einnteach dhi.

G. Cia as a tha tighinn-a-stigh nan sgìreachdan ùra a' tighinn.

M. Tha a airgid a chaidh a chruinneachadh o àm gu àm o chàirdibh na H-Eaglais.

G. Cha 'n fhaod e 'bhi nach fhàgadh iad aig an Eaglais tighinn-a-stigh nan sgìreachdan sin.

M. Cha 'n 'eil fhios agam. 'N uair a thòisichas daoine air cuid dhaoin' eile 'spùinneadh cha 'n earbainn nach sgrìobadh iad leo gach ni air an ruigeadh an làmhan.

G. Tha mi dearbhta as nach 'eil eron nach deanadh iad nam biodh an comas mar an rùn. Cha téid stad orra a' faotainn coire do 'n Eaglais. Tha mi seachd sgìth d' an tuailcas 's d' am breugan. Bha fear an so an là roimhe a thubhairt nach 'eil an Eaglais a' deanamh na buil a bu chòir dhi d' a eothrom gu aobhar an t-soisgeil a chur air aghaidh aig an tigh agus thairis.

M. Cha 'n aithne dhomh-fhèin Eaglais sam bith a tha cho dealasach 's a' chùis so 's a dh' fhaodadh i. 'S fheudar 'aideachadh nach 'eil daoine cho deas 's a bu chòir dhoibh gu cuibhrionn iomchuidh d' am maoin a thoirt seachad airson aobhar an t-soisgeil. 'N a dhéigh sin gu léir cha 'n 'eil mi 'smuaineachadh gu 'n ruig leas an Eaglais a ceann a chromadh an làthair Eaglaisean eile. Cha 'n urrainn domh an so cunntas miou a thoirt duit air obair na H-Eaglais. Foghnadh na leanas. A nuas gu ruig toiseach an earraich mu dheircadh (1890) chaidh aice air trì cheud, trì fichead, agus a còig sgìreachd ùr a dheanamh agus uidheamachadh leis gach goireas feumail. Chosd so do 'n Eaglais air a chuid a 's lugha nuillean gu leth airgid. Tha 'n obair so a dol air a h-aghaidh o bhliadhna gu bliadhna. A barrachd air so tha eaglaisean 'g an togail o àm gu àm far am bheil feum orra, agus beathachadh air a thoirt do na ministeirean a tha 'frithealadh aunta. Tha 'n Eaglais a' gabhail càrain shònraichte de 'n òigridh le Sgoilean-Sàbaid agus air dòighibh eile. Tha i 'deanamh oibre mòire an measg nan Cinneach, 's cha 'n 'eil i idir dearmnadh air na H-Iùdhaich 's air ar luchd-dùtheha ann an America 's cìleanan iomallach a' chuain. (Faic 'Home and Foreign Mission Record,' a tha air a chur amach an ceann gach mìos.) Tha cunntas agam air na chaidh de dh' airgid a thogail 's a' bhliadhna 1888 airson gach aobhair inhaith a tha 'n Eaglais a cur

air aghaidh. Air a' bhliadhna sin chaidh £368,590, 12s. 8d. a thogail. Cha 'n 'eil cunntas agam air na chaidh a thogail an uiridh, ach tha fhios agam gu bheil e na 's mò na so. Bha 'n t-suim mhòr so air a eruinneachadh a bharrachd air na tha 'n Eaglais a' faotainn o 'n deachamh.

G. Cia meud a tha i 'faotainn 's a' bhliadhna o 'n deachamh?

M. Tha dà cheud gu leth mìle (£250,000).

G. 'S iomadh duin' uasal mòr 's an rìgheachd aig am bheil tuilleadh na sin.

M. 'S iomadh; ach 's mòr an t-sochair do mhuintir Albainn a leithid a bhi ann. Fhad 's a sheasas an Eaglais bithidh so aice chum searmonachadh an t-soisgeil a chumail suas airson na muinntir nach 'eil murrach air a sholar dhoibh-fhéin. Cia liugha mullean d' an robh an t-airgiod so 'n a mheadhon beannachaidh o 'n ehaidh an Eaglais a shuidheachadh as ùr ag àm an Ath-leasachaidh, agus cia liugha d' am faod e 'bhi 'n a mheadhon beannachaidh 's na linntean ri teachd! Nach brònach gu bheil daoine ann a tha 'sanntachadh an airgid so, 's a' maoidheadh a thoirt o 'n Eaglais! Ged rachadh aca air greim fhaotainn 'air eha mhòr am math a dheanadh e dhoibh. Ged rachadh a chur a lughdachadh chisean na dùthcha eha bhiodh ann ach caomhnadh sgillinn is trì fàirdeanan s' a' phunnd Shasunnach no seachd sgilinn bhàrr màl a' chosnaiche. 'S e so na bhiodh de bhuanachd aig muinntir na H-Alba airson leigeil le 'n Eaglais a bhi air a cur bun os ceann.

G. Tha 'n obair ris am bheil iad cho ole 's nach creid mi gu 'n soirbhich leo. 'S iomadh gabhadh anns an robh an Eaglais 's an àm a chaidh seachad. 'S iomadh uair a bha i air a h-udal mar luing am measg nan tonn fiadhaich, ach thug Dia i gu tèaruint' as gach gabhadh. 'An Dia a ghabh cùram dhi 's an àm a chaidh seachad eha chreid mi nach gabh e cùram dhi fhathast, agus nach toir e innleachdan a nàimhdean gu neo-ni.

M. Thig e dhuinn-ne 'bhi bidheanta aig cathair nan gràs a' guidhe gu dùrachdach air a son.

G. Aon cheist cile mu 'n dealaich sinn. Bha 'm fear Gallda 's a' bhail' ud shìos a' feuchainn a chòmhdach orm nach eil gnothuch sam bith aig luchd-riaghlaidh rìgheachdan ri creideamh, agus nach còir ceangal a bhi eadar iad 's an Eaglais. Tha mi làn dearbhta gu bheil e 'm mearachd, ach tha e cho sgiobalta le

'theangaidh 's nach téid agam air cumail ris. An cuidich sibh leam?

M. Tha e mar fhiachaibh air luchd-riaghlaidh rìgheachd an creideamh Crìosduidh aideachadh gu follaiseach an ainm na rìgheachd agus na tha 'n an comas a dheanamh gu a sgaoileadh am measg an t-sluaigh. B' e so barail ar n-athraichean 'n uair chaidh an Eaglais a chur suas as ùr aig àm an Ath-leasachaidh. Dh' iarr iad air *Knox* agus ministeirean eile Aidmheil Creidimh a tharruing a mach. 'N uair a bha i deas aca chaidh a cur air beulaobh na Pàrlamaid, agus dhaighnich iadsan i mar chreidimh na rìgheachd. Greis an déigh so bha cuibhrionn de 'n deachamh air a suidheachadh air na ministeirean. Rinn gach rìgheachd Phrotestanach 's an Roinn Eòrpa a leithid eile. Tha so 'n a ghnìomh umhlachd agus urraim a tha dligheach o rìgheachdan 's an luchd-riaghlaidh do Cheann na H-Eaglais.

G. Gu 'd é 'tha 'n Scriobtur ag radh mu 'n chùis?

M. Thoir fanear gu 'm b' ionnan Eaglais Dé anns gach linn ged nach b' ionnan a riaghailtean aoraidh. A nis tha iomradh againn 's an T-Seann Tiomnadh air rìghrean a nochd càirdeas do 'n Eaglais agus a thug mòran cuideachaidh dhi. B' ann diubh so Cirus, Darius, agus Artacserceis, rìghrean Phersia. Bha na rìghrean so bàigheil ri Clann Israel, slaugh Dhe, 'n uair bha iad am braighdeanas. Thug iad cead do na thogradh dhiubh tilleadh d' an dùthaich fhéin, agus chuidich iad air an turus iad. Chuidich iad iad gu baile agus teampull Ierusalem a thogail as ùr, agus dhion iad o 'n nàimhdean iad. Thug iad air an ais na soithichean naomha a chaidh a thoirt air falbh as an teampull, agus thug iad òr, airgiod, ola, agus beathaichean doibh airson seirbheis an teampull. Bha so uile taitneach do Dhia, oir 's e-fhéin a chuir 'n an cridheachan e. A nis, tha na bha ceart dhoibh-san a dheanamh airson Eaglais De ceart do rìghrean 's do rìgheachdan a dheanamh air an là diugh. Tha 'n dleasnas eudna air a theagasg dhuinn le giùlan cuid de rìghrean nan Iudhach. Chuir Iehosaphat daoine fiosrach uaith' a theagasg an lagh' ann am bailtibh Iudah. Dh' òrduich Ioas airgiod a chruinneachadh chum bristeadh tigh an Tighearna 'chàradh. 'N uair a thoisich Hesiciah air rìgheachadh chuir e ceart 'n a bha air aimhreidh anns an dòigh aoraidh, agus thug e air an t-sluaigh na féilltean a choimhead gu riaghailteach, agus na dealbhan a bhristeadh, na doireachan a ghearradh sìos,

agus na h-ionadan àrda 's na h-altairean a thilgeil sìos-nithe a bha tarruing air falbh cridheachan an t-sluaigh o sheirbheis an Tighearna. Cha robh atharrachadh math a bha air a thoirt mu 'n cuairt 's an tìr nach robh làmh aig na rìghrean ann. Anns an dara Salm tha carail air a toirt do rìghrean 's do bhreitheamhna seirbheis a dheanamh do 'n Tighearna: "A nis mata, a rìghrean, bithibh glic; gabhaibh foghlum, a bhreitheamhna na talmhain. Deanaibh seirbheis do 'n Tighearna le h-eagal, agus deanaibh gàirdeachas le ball-chrith." 'S ann 'n an dreuchd mar rìghrean a tha e air iarraidh orra seirbheis a dheanamh do 'n Tighearna. Ann an Isaiah xlix. 23, tha gealladh prìseil air a thoirt do 'n Eaglais: "Bithidh rìghrean 'n an oideachan-altruim dhuit agus ban-rìghinnean 'n am màthraichean-altruim dhuit; sleuchdaidh iad sìos duit, le 'n aghaidh gu làr, agus imlichidh iad duslach do chos." Cha 'n 'eil a bheag air a ràdh 's an Tiomnadh Nuadh mu dhleasnais aimsireil no spioradail uachdarain an t-saoghail. Is airidh beachdachadh air 1 Tim. ii. 2. Anns an rann so tha e air iarraidh air Crìosduidhean ùrnuighean a chur suas airson "rìghrean agus airson nan uile a tha ann an ùghdarras, chum gu 'n caith sinn ar beatha gu foisneach agus gu sìochail, ann an uile dhiadhachd agus chiatachd." A nis, tha e mar fhiachaibh air na h-uile a th' ann an ùghdarras, mar tha Diadhair ainmeil ag ràdh, na nithe sin a chur air an aghaidh a tha e air iarraidh an so air Crìosduidhean guidhe air an son; agus 's iad na nithe sin diadhachd agus ciatachd cho math ri beatha fhoisneach agus shìochail. Cha 'n 'eil tuilleadh agam ri ràdh ach gur cubhaidh do rìgheachdan 's d' an luchd-riaghlaidh briathran Isaiah a ghabhail gu cridhe: "An cinneach agus an rìgheachd nach dean seirbheis dhuit (Eaglais Dé) bithidh iad cailte."

G. Mile taing is buidheachas dhuibh. Tha mi air faotainn mòran fiosrachaidh thaitneich uaibh. An ath uair a chluinneas mi 'm bodach Gallda 'toirt beuma do 'n Eaglais thèid mise 'n bannaibh dhuibh gu 'n cuir mi 'ghlas-ghuib 'air. Slàn leibh air an àm, is gu ma math a bhios sibh.

The first part of the document is a letter from the Secretary of the
 Board of Education to the Board of Trustees of the University of
 the State of New York. The letter is dated the 10th day of
 January, 1892. The Secretary informs the Board of Trustees
 that the Board of Education has received from the Board of
 Trustees of the University of the State of New York a
 resolution passed on the 24th day of December, 1891,
 relating to the appointment of a member of the Board of
 Education. The Secretary states that the Board of Education
 has considered the resolution and has decided to appoint
 the person named in the resolution as a member of the
 Board of Education. The Secretary also states that the
 Board of Education has decided to recommend to the Board of
 Trustees of the University of the State of New York the
 appointment of the person named in the resolution as a
 member of the Board of Education. The Secretary concludes
 the letter by stating that he is, Sir, very respectfully,
 Your obedient servant,
 Secretary of the Board of Education.